

9 Ògmhios 2026

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns an Dàmhair 2023, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir mu Sgoil Ùige. Tha an litir a' mìneachadh grunn raointean airson leasachadh, agus dh'aontaich sinn iad le Sgoil Ùige agus Comhairle nan Eilean Siar. Thill sinn às dèidh sin gu Sgoil Ùige gus sùil a thoirt air mar a bha i air leantainn air adhart a' leasachadh a cuid obrach, agus dh'fhoillsich sinn litrichean eile san t-Sultain 2024 agus sa Ghiblean 2025. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh fios a bhith agaibh, thadhail sinn air Sgoil Ùige a-rithist. Rè ar tadhail, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard, cuideachd ceannard ro-innleachdail airson sgoiltean dùthchail ann an Leòdhas, agus luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha Sgoil Ùige air a ghabhail gus leasachadh. Sheall sinn air raointean sònraichte a chaidh a chomharrachadh anns an sgrùdadh thùsail. Mar thoradh air an sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a rinn Sgoil Ùige agus cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanaidhean chloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Meudaich ceannardas agus astar leasachaidh phrìomh raointean a bheir buaidh air ionnsachadh agus coileanadh, stèidhichte air rèiteachaidhean làidir fèin-mheasaidh. Bu chòir dreuchdan stiùiridh a bhith aig raon de luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach sgioba an luchd-obrach, pàrantan agus clann, airson leasachaidhean a thoirt air adhart san sgoil.

Tha adhartas làidir, seasmhach air a bhith ann leis an raon seo airson leasachadh bhon sgrùdadh a bharrachd mu dheireadh. Tha ceannard na sgoile air ceannardas ro-innleachdail Sgoil Ùige a neartachadh. Tha i air gnàth-shìde dheimhinneach, thaiceil a chruthachadh airson leasachadh. Bidh i ag obair gu dlùth le luchd-obrach, pàrantan agus clann gus dàimhean earbsach agus misneachail a chruthachadh. Tha pròiseasan air an deagh structaradh aig luchd-obrach a-nis airson an cuid obrach a mheasadh. Tha eòlas proifeasanta làidir aig ceannard na sgoile air an sgìre ionadail agus dè a tha cudromach dhaibhsan a tha a' fuireach sa choimhearsnachd. Bidh ceannard na sgoile a' cleachdadh an eòlais seo gus plana ceart a thoirt gu buil airson na sgoile a leasachadh. Bidh luchd-obrach ag obair còmhla gu math gus ionnsachadh is teagasg a leasachadh, agus bu chòir dhaibh cumail orra a' dèanamh sin. Tha eòlasan ionnsachaidh chloinne a' fàs nas fheàrr. Tha tidsearan a' dèanamh feum nas fheàrr de mheasadh agus taic chuimsichte gus clann a chuideachadh le adhartas nan ionnsachadh.

Bidh pàrantan, clann agus a' choimhearsnachd fharsaing a' gabhail pàirt ghnìomhach ann a bhith a' cumadh leasachaidhean air feadh na sgoile. Bidh clann a' gabhail com-pàirt gu misneachail tro dhiofar bhuidhnean ceannardais. Tha pàrantan an sàs nas cunbhalache tro chonaltradh soilleir agus tachartas ionnsachaidh teaghlach o chionn ghoirid. Tha ionnsachadh chloinne a-nis air a phlanadh nas fheàrr, a' gabhail a-steach do chlann a dh'fheumas taic a bharrachd leis an ionnsachadh. Tha com-pàirtichean air an cuireadh aig ìre thràth de phlanadh gus moladh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh iad cur ri ionnsachadh chloinne.



Leasaich agus cleachd poileasaidh airson foghlam làn-bhogaidh gus adhartas agus fileantachd chloinne ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir dha seo càileachd agus iomlanachd làn-bhogaidh a mheudachadh thar gach raon de dh'ionnsachadh chloinne.

Tha an ceannard agus an luchd-obrach air adhartas làidir a dhèanamh leis an raon seo airson leasachadh. Tha an ceannard, ag obair leis a' cheannard gnìomha air poileasaidh àrd-inbhe a thoirt gu buil gus stiùireadh a thoirt do luchd-obrach, pàrantan agus clann ann a bhith a' libhrigeadh na Gàidhlig. Tha seo ga ùrachadh gus reachdas ùr a nochdadh. Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' cleachdadh a' phoileasaidh seo, le Comhairle air Foghlam Gàidhlig nàiseanta agus aithisgean sgrùdaidh nàiseanta, gus cumail orra a' neartachadh solar bogaidh agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Thar na sgoile, tha clann a' faighinn buannachd bho bhith a' cluinntinn luchd-obrach a' bruidhinn Gàidhlig glè fhileanta. Cuidichidh seo le bhith a' dèanamh làn-bhogaidh na phàirt nàdarra den ionnsachadh làitheil. Tha clann glè mhisneachail ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sa chlas agus timcheall na sgoile. Bidh iad a' tòiseachadh chòmhradhean leotha fhèin sa Ghàidhlig le an caraidean agus an luchd-obrach. Bidh clann nas òige a' togail gu math air an toiseach làidir a gheibh iad san sgoil-àraich. Bidh ceannard na sgoile a' brosnachadh na Gàidhlig gu làidir anns a h-uile conaltradh.

Bidh clann a' leantainn orra ag obair le com-pàirtichean agus a' choimhearsnachd gus ionnsachadh mu dhualchas, cànan agus cultar ionadail. Tha a' choimhearsnachd glè thaiceil don sgoil aca. Aig àm an sgrùdaidh a bharrachd, cha robh clubaichean bogaidh às dèidh na sgoile air an ruith le Comunn na Gàidhlig (CNAG) a' gabhail àite. Bhiodh eòlasan chloinne air an neartachadh tuilleadh le bhith ag ath-steidheachadh nan clubaichean seo gus am bi clann a' cluinntinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile.

Tha an ceannard agus an luchd-obrach air an dealbhadh chuimsichte aca a mheudachadh, gus ionnsachadh fa leth na cloinne air a' Ghàidhlig adhartachadh. Tha iad a' leantainn air adhart a' toirt taic do chlann airson tòiseachadh air bogadh nas fhaide air adhart, gus dèanamh cinnteach nach caill clann a tha a' gluasad gu Sgoil Ùige cothrom air ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh an ceannard agus an luchd-obrach a' cuideachadh clann a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) gus adhartas dearbhach a dhèanamh. Tha a' Ghàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air a teagasg gu math tro leasan agus le clann a' cluinntinn na Gàidhlig bho bhith ann an àrainneachd bogaidh. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus na Beurla, bidh clann a' cuideachadh le co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dheidhinn na Gàidhlig tron Chomataidh Ghàidhlig. Tha taisbeanaidhean air feadh na sgoile a' comharrachadh ionnsachadh nas fheàrr chloinne agus cho cudromach 's a tha a' chànan Ghàidhlig.

Lean air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus a bhith soilleir mun adhartas a bhios clann a' dèanamh agus iad a' gluasad bho ìre gu ìre ann an Sgoil Ùige. Bu chòir dòighean-obrach soilleir a bhith aig tidsearan airson leughadh is sgrìobhadh a leasachadh, ann an Gàidhlig agus Beurla, slàinte is sunnd agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Tha an ceannard agus an luchd-obrach air adhartas dearbhach a dhèanamh ann a bhith a' leasachadh a' churraicealaim agus an ionnsachaidh air feadh na sgoile. Tha tidsearan a' tòiseachadh a' cleachdadh stiùireadh nas fheàrr gus ionnsachadh chloinne a dhealbhadh anns a h-uile cuspair, a' gabhail a-steach litearrachd sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, agus àireamhachd. Tha leasan a' sìor fhàs nas fhreagarraiche do fheumalachdan ionnsachaidh chloinne. Bidh luchd-obrach a-nis a' faighinn fios-air-ais cunbhalach, feumail bhon cheannard gus taic a thoirt do theagasg àrd-inbhe. San àm ri teachd, bu chòir don cheannard dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan a' comharrachadh raon iomchaidh de dh'ionnsachadh thar gach raon den churraicealam rè an t-seisein.

Bidh clann a' faighinn buannachd bho dhòighean-obrach nas fheàrr a thaobh èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh ann an Gàidhlig agus Beurla. Bidh luchd-obrach cuideachd a' cleachdadh slighe adhartais agus poileasaidh airson sunnd. Chuidich clann le bhith a' leasachadh a' phoileasaidh. Tha seo a' cuideachadh clann gus tuigsinn mar a chumas iad fallain agus a bhith a' faireachdainn sàbhailte ann an Sgoil Ùige.

Tha ionnsachadh a-muigh fhathast na phàirt chudromach den churraicealam. Tha seo a-nis nas adhbharaiche le gnìomhan air an dealbhadh timcheall na sgìre ionadail, agus cho mòr 's as urrainn, tro Ghàidhlig. Tha clann a' fàs nas eòlaiche air a bhith a' cumail suas na h-àrainneachd ionadail. Bidh iad ag ionnsachadh mu dheidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig san àrainneachd, agus Beurla mar a tha iomchaidh, ann an suidheachaidhean fìor fhad 's a tha iad ag ionnsachadh a-muigh.

Àrdaich coileanadh chloinne anns a h-uile taobh de dh'ionnsachadh agus dèan feum nas fheàrr de dh'fhiosrachadh bho mheasadh, còmhraidh proifeasanta agus coinneamhan tracadh.

Tha an ceannard agus an luchd-obrach a' dèanamh adhartas dearbhach leis an raon seo airson leasachadh, le comas air leasachadh leantainneach. Thar Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Beurla, tha clann a' dèanamh adhartas cunbhalach nan ionnsachadh agus nan coileanadh. Tha tidsearan a' mìneachadh an ionnsachaidh gu soilleir agus a' toirt seachad gnìomhan a tha a rèir fheumalachdan chloinne. Bidh còmhraidhean cunbhalach aig clann a-nis le tidsearan gus an cuideachadh a' tuigsinn dè a tha iad a' dèanamh gu math agus dè a dh'fheumas iad obrachadh air san àm ri teachd. Faodaidh pàrantan cuideachd adhartas an cuid chloinne fhaicinn air-loidhne.

Tha planaichean soilleir aig clann a dh'fheumas barrachd cuideachaidh leis an ionnsachadh aca, agus tha pàrantan gu tur an sàs ann a bhith ag ath-sgrùdadh nam planaichean sin. Bu chòir don cheannard gnìomha leantainn air adhart ag obair le pàrantan gus soilleireachadh mar a thèid dòigh-obrach cho-leanailteach a ghabhail, gus taic a thoirt do chlann a



dh'fheumas barrachd taic leis an ionnsachadh aca. Bu chòir seo fòcas sònraichte a chur air taic a thoirt do chlann fhad 's a tha iad a' gluasad bho ìre gu ìre, gu sònraichte a-steach don àrd-sgoil. Tha an ceannard air neartachadh mar a bhios tidsearan a' sgrùdadh adhartas agus coileanadh chloinne. Bidh tidsearan a' coinneachadh gu cunbhalach leis a' cheannard gus fiosrachadh measaidh ath-sgrùdadh. Tha seo a' cuideachadh luchd-obrach le ionnsachadh a dhealbhadh nas èifeachdaiche agus gus comharrachadh far a bheil feum aig clann air barrachd dùbhlain.

Bidh clann a' dèanamh adhartas mòran nas fheàrr ann an àireamhachd, matamataig, èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh. Tha clann nas òige a' sealltainn barrachd misneachd le sgilean àireamhachd tràth, agus tha clann nas sine a' leasachadh an tuigse air beachdan matamataigeach nas dùbhlanaiche. Tha clann a' leughadh nas misneachaile agus a' leasachadh an sgrìobhadh thar diofar sheòrsaichean ghnìomhan. Mar an ath cheum, bu chòir do thidsearan cleachdaidhean measaidh a chur an sàs thar gach raon den churraicealam.

Dè an ath rud a thachras?

Tha an sgoil air adhartas math a dhèanamh bhon sgrùdadh thùsail. Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil cumail a' dol a' leasachadh agus mar sin cha dèan sinn tuilleadh sgrùdadh. Cuiridh Comhairle nan Eilean Siar fios ri pàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithris a dhèanamh air càileachd nan sgoiltean aice.

Joan C. Esson

Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba.